

Plana Naiseanta na Gàidhlig

An toiseach, bu choir dhomh innse dhuibh beagan mu mo dheidhinn. 'S mise Chuck Tripp 's tha mi a'fuireach ann an Juneau, Alasca. Thoisich mi Gàidhlig ionnsachadh beagan bliadhnaichean air ais. 'S pàrant a th'annam cuideachd 's tha mi a'togail mo nighean nas òige anns a'Ghàidhlig.

Mar sin, tha sealladh agamsa a tha car eadar-dhealaichte. Sin beagan na bu mhath fhaicinn ri thaobh na Gàidhlig.

Sgoiltean Gàidhlig

Tha na h-aonadan Gàidhlig math gu leòr gu ìre ach bith sgoiltean Gàidhlig a leithid a th'aca ann an Glascu fada nas fheàrr. Nuair a bha mi òg chaidh mise dhan sgoil fhrangach ann an Quebec sgìre eile far a bheil iad a'spàirn an cànan fhèin chùmail beò slàn. 'S tha cuimhne 'am mar cho pròiseal sa bha na h-oileanaich ri thaobh an cànan fhèin. Taobh a-muigh na clasaichean cha chluinneadh tu ach Fraingis 's nan chluinneadh tu facal sam bith anns a'Bheurla bhiodh a h-uile duine ag eigheachd "Eh, parle francais!" Chan eil dad agam an aghaidh na Beurla ach chànain gum biodh e air leth math nan robh an aon suidheachadh ann ri thaobh na Gàidhlig.

Teaghlaichean Dà-chànanach

Bho sin a-mach, saoilidh mi, bith an suidheachadh far a bheil ach aon pàrant aig a bheil Gàidhlig fada nas cumantaiche nam far bheil Gàidhlig aig a'dhà phàrant. Mar sin, feumaidh BnaG teaghlaichean dhà-chànanach a bhrosnachadh. Ach a bharrachd air misneachd, feumaidh a structur a bhith ann airson taic a thoirt do theaghlaichean Gàidhlig a tha, anns mhòr chuid, air an cuartachadh le Bheurla gu làidir. Cothroman far dh'fhaodas clann a chluich le chlann eile aig a bheil Gàidhlig. Cuideachd, 's dòcha gum bith pàrant a'smaoineachadh nach a chuid Ghàidhlig math gu leòr air a'chuis, 's dòcha gu bheil àbairtean cudthromach a dhìth air.

Goireasan foghlaim do phàrantan.

Mar chuideigin a tha a'fuireach fada fada à Alba, chan eil cothrom sam bith agam mo nighean a chuir gu aonad Foghlam tro Meadhan na Gàidhlig (FMG) 's cha bhith. Ach bu mhath leam nan ghabhadh goireasan FMG ri fhaighinn do phàrantan a tha a'togail an cuid cloinne anns a'Ghàidhlig far nach eil FMG ri fhaighinn. Tha mi airson s gum bith mo nighean foghlaimichte sa chànan 's chultar nan Gàidheal fiù 's mur a bheil cothrom agam a cuir gu FMG. Bu mhath leam leabhraichean foghlam a cheannach fiù mura bheil mi nam sgoil!

Brosnachadh Ionnsachadh na Gàidhlig an measg na Diaspora

Tha sliochd nan Gàidheal gu math pàilt ann an Canada, sna Stàitean Aonaichte, ann an Australia 's ann an New Zealand. 'S ma tha fianais sam bith anns na 'Highland Games' tha ùidh mhòr anns na freumhan Gàidhealach aca. Ach a dh'aindeoin sin, 's ainneamh a chluinneas tu guth ri thaobh na Gàidhlig sna tachairtean sin. Saoilidh mi gu bheil iarratas mòr ann a bith ag'ionnsachadh na Gàidhlig nan robh cothrom aca sin a dheanamh.

'S dòcha nach e an dìth as motha a th'air a'Ghàidhlig ach chanainn nan robh daoine bh'air fheadh an t-saoghail ag ionnsachadh na Gàidhlig gum beireadh seo misneachd dhan t-suidheachadh ann an Alba.

Ann an dòigh àraidh, faodaidh luchd-ionnsachaidh misneach a thoirt dhan t-suidheachadh na Gàidhlig. Gach triop a chluinneas a'chlann sna sgoiltean Gàidhlig air a togail ann an diofar blasan-cainnt bh'air feadh an t-saoghail, bith iad a'tuigsinn gur e cànan cudthomach a th'anns a'Ghàidhlig a s'fhiach ionnsachadh 's cumail beò slàn.

Faclar Gàidhlig le mìneachadh anns a'Ghàidhlig

Bu choir a bhith faclar Gàidhlig a leithid Dwelly's neo Colin Mark ach le a chuid mìneachadh gu lèir anns a'Ghàidhlig. Bu choir dhan Ghàidhlig a bhith neo-eisimeileach, mar gum bhiodh, bhon Bheurla mar a tha i a'faighinn a cuid brìgh.

Eadar-lìon

Bha ùidh agam ann an ionnsachadh na Gàidhlig bho m'òige. Ach cha robh cothrom agam mus do thàinig an eadar-lìon ann am bith. A bharrachd air a sin, chruthaich an eadar-lìonn seòrsa de choimhearsnachd Ghàidhlig. 'S tric a nì mi comhraidhean Gàidhlig le daoine a tha a'fuireach ann an Alba, sa Ghearmailt, sna S.A. fiu 's sa Khazakstan. Chruthaich an eadar-lìon cothrom mòr far a ghabhas daoine a tha sgapte air feadh an t-saoghail a bhith ceangalte ri chèile ann an dòigh nach do ghabh idir a dheanamh roimhe seo.

Mholainn-sa gus chleachd sibh an eadar-lìonn ann an bhith a'cuir nan luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air feadh an t-saoghail ann an sàs ann an suidheachadh na Gàidhlig ann an Alba.

'S mu dheireadh, tha rud rud eile ann a bu mhath leam fhaicinn ann an saoghal na Gàidhlig. 'S e nan robh am Bìoball Ghàidhlig ri fhaighinn air eadar-lìonn ach a bharrachd ann an seagh sgrìobhte bu chòir dhà ri fhaighinn ann an seadh mp3 neo a leithid.

Le dùrachd 's le mòran taing airson na tha sibh a'deanamh.

Chuck

P.S.: tha cead agaibh bhuam mo beachd-sa fhoillseachadh mar a thogras sibh.